





H.M. 244.







LAOIDHEAN

EADAR-THEANGAICHTE

O'N

BHEURLA.

---

GLASCHO:

G. MAC-NA-CEARDADH, 62 SRAID EARRAGHAIDHEIL.

1869.

## NOTE.

---

THE following Hymns are translated by various gentlemen, who have kindly permitted them to be published by the Promoter of this little Collection, who hopes they may be an acceptable aid to Sacred Music in Public Praise, as well as in private Family Worship.



L A U R I S T O N C A S T L E  
L I B R A R Y A C C E S S I O N

## CONTENTS.

---

	Page.
HYMN I.      Translated by REV. DR. J. M'LEOD.	7
...      II.      ...      ...      ..	8
...      III.      ...      REV. ARCHIBALD CLERK,	9
...      IV.      ...      REV. DR. J. M'LEOD,	10
...      V.      ...      ...      ...	11
...      VI.      ...      ...      ...	12
...      VII.      ...      REV. ARCHIBALD CLERK,	13
...      VIII.      ...      REV. DR. J. M'LEOD,	14
...      IX.      ...      ...      ...	15
...      X.      ...      LATE REV. DR. N. M'LEOD,	16
...      XI.      ...      REV. DR. J. M'LEOD,	17
...      XII.      Psalmody,	18
...      XIII.      Translated by REV. ARCHIBALD CLERK.	19
...      XIV.      ...      ...      ...	20
...      XV.      ...      LATE REV. DR. N. M'LEOD,	21
...      XVI.      ...      REV. DR. J. M'LEOD,	22
...      XVII.      Psalmody,	23
...      XVIII.      Translated by REV. ARCHIBALD CLERK,	24
...      XIX.      ...      MR. ARCHIBALD M'FADYEN,	25
...      XX.      ...      REV. DR. J. M'LEOD,	27
...      XXI.      Original,      ...      ...	27
...      XXII.      Translated by REV. ARCHIBALD CLERK,	28
...      XXIII.      ...      REV. DR. J. M'LEOD,	29
...      XXIV.      ...      LATE REV. MR. M'INNES,	30
...      XXV.      ...      REV. DR. J. M'LEOD,	31
...      XXVI.      ...      ...      ...	32



# LAOIDHEAN, &c.

---

## LAOIDH I.

### MOSGLAIDH MI FEIN.

SALM lvii. 8.

*St Maelod*

Dùisg thus', O! m'anam, leis a' ghréin,  
'S imich air sligh' do dhleasnais féin;  
Mosgail o d' airsneul, 's tairg gu suilbhear'  
An iobairt-mhaidne do d' Chruithfhear.

Glòir do Dhia a ghléidh mi slàn,  
'S a dh' ùraich mi le fois 'us tàmh:  
Deònaich, o'n uaigh 'n uair dh'éireas mi,  
Beatha gun chrioch 'an rìogh'chd na sìth'.

Dh' iocainn as ùr mo bhòid Duit Féin;  
Fuadaich mo chiout' mar dhrùchd roi'n ghréin:  
Stiùir mo thoil, 'us gléidh mo chridh',  
'S le D' làithreachd féin, O! sàsuich mi.

'S gach ni a their, no 'thig 'am bheachd,  
Stiùir Thus' an diugh 'an géill do D' reachd,  
Gu-n tugadh Dhuit-sa, mar is còir,  
Gach rùn 'am chridhe cliù 'us glòir.

Molaibh Dia o 'm bheil gach sonas;  
 Molaibh 'fhineachan an domhain;  
 Molaibh air nèamh, O! aingle caomh;  
 An t-Athair, am Mac, 's an Spiorad Naomh.

---

## L A O I D H    I I.

IOB xxxviii. 7.

*bñacleod*

'Nuair a sheinn reulta na maidne cuideachd, agus a rinn uile mhic Dhé  
 gairdeachas?'

Aingil caithream mholaidh sheinn,  
 Tàladh nèimh 'comh-fhreagairt ruinn,  
 'N uair labhair Dia 'us mar sin bha  
 Na h-uile nithean umhal Dha.

Am faire bhrist le cliù gun dìth,  
 'N uair a rugadh Prionns' na sith;  
 'S sheinneadh caithream gàirdeachais  
 Bruid 'n uair thug E 'm bràighdeanas.

Nèamh 'us talamh théid air chìl,  
 Ach 's an là sin seinnear cliù;  
 Dia 'ni nèamh 'us talamh nuadh,  
 Dh'fhàiltichear le òran luaidh.

Balbh an duine 'm bi 'n a aonar  
 Gus an tig an rioghachd ghlòrmhor?  
 Cha bhi! an Eaglais anns gach lin  
 'S ait leath' urram àrd a sheinn.

Naoimh Dhé 'an so gach latha ni  
 Gàirdeachas le dùrachd crìdh';  
 Le gràdh 'us creidimh 'tionnsgan' bhos,  
 A chaithream shiorruidh 'sheinn gun chlos.

Bheireadh-mide, mar is còir,  
 Dhuits', 'Athair nèamhaidh, cliù 'us glòir,—  
 Dhuit-sa, 'Iosa, 'Shlàn'fhir chaoimh,—  
 'Us dhuit-sa fòs, a Spioraid Naoimh.

---

### L A O I D H   I I I.

#### EISDIBH LAOIDH NAN AINGLE NAOMH.

LUCAS ii. 14.

*Dr Clark*

'Glòir do Dhia anns na h-àrdaibh, agus air talamh sith, deadh-ghean do dhaoinibh.'

Eisdibh laoidh nan aingle naomh—  
 "Glòir do 'n naoidhean an t-àrd-Rìgh!  
 Air thalamh Gràs, 'us Tròcair chaomh  
 Dia do pheacaich 'tairgseadh sith!'"  
 Gach uil' fhine, treubh, 'us sluagh,  
 Togaibh suas le h-aoibhneas crìdh'  
 Ceòl nan nèamh, an t-òran nuadh—  
 "Ann am Betle'm rugadh Criosd."

Criosd 'tha 'g àiteach' cliù nan nèamh,  
 Criosd gu sìorruidh Rìgh na Glòir,  
 Feuch cia h-iosal nis A ghnè,  
 Mar leanabh iriosal na h-Oigh!

Sgàile thalmhaidh air A ghlòir;  
 Gràsmhor, sòlasach an sgeul,  
 “Dia ’n a chòmhnuidh anns an fheòil,  
 Iosa, fior Imanuél.”

Fàilt’ air Prionnsa caomh na sìth’!  
 Fàilt’ air Iosa, Grian an àigh!  
 Slaint’ ’us sonas tha fo ’sgéith,  
 Beath’ ’us solus do gach àl.  
 ’Mhòrachd chuir ré seal fo sgàil;  
 Cheannaich gràs do chloinn nan daoin’—  
 Saors’ o pheacadh ’us o bhàs,  
 Beatha àghmhor, shuthainn, naomh.

---

## L A O I D H I V.

## CARRAIG NAN LINN.

*D' Macleod*  
 'Charraig nan linn, dhomhs' bha buailt',  
 Dh'iarrainn dòn 'us fasgadh Uait;  
 Biodh an fhuil 's an t-uisg araon  
 Bho Do choluinn leòint' a bhraon,  
 Mar leigheas a bheir dhomhsa saors'  
 Bho dhiteadh peacaidh 's o a dhaors'.

Cha choimhlion saothair mo làimh'  
 Do laghsa 'n a iarrtais naoimh;  
 Eudmhor a ghnàth ged bhithinn,  
 Deuraibh a ghnàth ged shilinn,  
 Diol' cha deanadh so dhomh 'm fheum,  
 'S Tu's' a mhàin tha 'n tearnadh treun.

Gun luach agamsa r'a thairgs'  
 Ri D' chrann-ceusaidh tha mi 'n earbs';  
 Lomnochd,—ag iarraidh còmhdaich,  
 Anfhann,—ag iarraidh còmhnaidh;  
 An tobar ruigeam anns gach dìth,—  
 A Shlàn'ir glan, no bhàsaich mi.

Fhad 's a th' ann am chridhe plosg,  
 'N uair a dhùineas bàs mo rosg,  
 An t-siorr'achd 'n uair a ruigeas mi,  
 'S Tus' air Cathair glòir a chi,—  
 'Charraig nan linn, dhomhs' bha buailt',  
 Dh'iarrainn dion 'us fasgadh Uait.

### L A O I D H V.

ISAIAH lxlii.

Cò E so 'tha teachd o Bhòsra,  
 A chulaidh le fuil daithte ruadh,—  
 'Toirt saors' do bhràighdibh 'tha fo dhaorsa,  
 'S deagh sgeul do dhìobraich thruagh?  
 'S maiseach E a nis 'n A dhreach,—  
 'S priseil A chobhartach 's A chreach.

'S E'n Slànuighear! O cia glòrmhor!  
 A' teachd 'an tréin' A neirt le buaidh;  
 'N A ònrachd tha E 'teachd gu buadh-mhor,—  
 'N A ònrachd chuir E 'chomh-stri chruaidh.  
 Strìochd Dha ifrinn, 'us am bàs:  
 Iosa tèarnaidh anns gach càs.

Gu maireann riaghail', a Ghaisgich rioghail,  
 Le d' choron 's daor a choisinn thu;  
 Do shluagh cha sguir—cha sguir gu dilinn  
 'Bhi 'cur 'an céill do ghniomh 's do chliù.  
 Sheas Thu 'n nàmhaid, 's fhuair Thu buaidh,  
 'S leighis ànradh goirt Do shluaign.

---

## L A O I D H V I.

## F A N M A I L L E R U I N N E.

LUCAS xxiv. 29. *D Macleod*

Soillse m' anma, 'Shlànuighir chaoimh!  
 Cha'n oidhch' ach 'bhi á D' làith'reachd naoimh;  
 Na ceileadh sgàil Thu chaoidh o shùil  
 D' òglaich 'tha 'feitheamh Ort le dùil.

An nochd, 'n uair bhraonas cadal sèimh  
 'Am rosgan trom, mar dhrùchd o nèamh,  
 Mo smaointean shàimh b' e meud an àigh  
 A bhi gu siorruidh 'n uchd Do ghràidh.

Fan Thusa leam a dh' oidhch' 's a lò,  
 As D' eugmhais féin cha d' thig mi beò;  
 Fan leam ré oidhch' mo thriall fadheòidh—  
 Fo fhiamh a' bhàis 's Tu mhàin mo dhòigh.

Ma chaidh air seachran Uait an diugh  
 A h-aon de D' chloinn a dhiùlt Do ghuth,

'Nis teasraig e, a Dhé nan gràs :  
Na luidheadh e fo chiont' a' bhàis.

Gléidh an t-euslan, bochdan riaraich  
O shaibhreas Do lànachd shiorruidh ;  
'S thoir tàmh do luchd a' bhròin an nochd,  
Mar shith-shàimh naoidhein chaoimh gun lochd.

'N ar dùsgadh Thig 'us beannaich sinn ;  
Ar ceum tròi 'n t-saogh'l mu-n gabhar leinn :  
Fan, gus a' D' ghràdh, mar dhoimhne mhòir,  
'Shàr lionar sinn le ioghnadh glòir.

### L A O I D H   V I I .

*Na Clesach*

O m' anam ! feuch an tobar slàinteil  
A nigheas o gach uile smal !  
'N fhuil phriseil a dhòirt Criod 'n A ghràdh dhuinn  
Ni 'n neach a's gràineil' àillidh, geal.

Tha Tròcair shiorruidh 'n so a' sgaoileadh  
Cuirm shòghmhòr do gach aon le 'n àill :  
'Us bheir dhoibh sonas, sith 'us saorsa  
Air gach aon cheum gu 'n dachaидh àigh.

'S an ionad naomh—gach saothair crìochnaicht'—  
Tha cuideachd ghlòrmhòr 'nis aig sith,  
'S le 'làith'reachd ait tha 'n Tighearn Iosa  
A' toirt làn aoibhneis do gach cridh'.

## L A O I D H V I I I .

SALM IXXXIV. 1.

*D Macleod*

<sup>a</sup> Cia so-ghrádhach do phàilliuna, a Thighearna nan slògh.

O! 'Thighearn 'us a Dhé nam feart,  
 Cia maiseach D' àros naomh,  
 'Sam bheil Thu 'nochdadadh, ann a D' ghlòir,  
 Dealradh Do ghnùis gu caomh!

Tha m' anam 'fannachadh le déigh  
 Do chùirtean àrd gach lò;  
 Mo chridhe 's m' fheòil ri sgairteachd chruaidh  
 'N geall air an Dia 'ta bed.

Aon là is fearr a D' chùirtibh naomh,  
 A' feitheamh Ortsa Féin,  
 Na mile là, a Dhé 'chur seach'  
 'N àit' eil' air bith fo'n ghréin.

O! 'Dhé nam feart,—mo Dhia 's mo Righ,  
 Cia son' iad sin 'tha ghnàth  
 A chòmhnuidh ann a D' theampull naomh,  
 'Toirt molaidh Dhuit gach là.

Do'n Athair, do'n Mhac, 's do'n Spiorad Naomh,  
 Do Dhia d' an dligheach glòir,  
 Bitheadh mar tha, 'us mar a bha,  
 Arð chliù, 'us urram mòr.

## L A O I D H I X.

N A ' S   D L U I T H E   R I U T   F E I N .

*O Macleod*

SALM Ixxiii. 25.

'Cò th'agam anns na nèamhaibh ach thusa ? agus an coimhmeas riut  
cha 'n 'eil neach air thalamh air am bheil mo dhéigh.'

Na 's dlùithe, mo Dhia, Riut Féin,  
Na 's dlùithe Riut Féin !

Ged bi deuchainn na Crois'  
'Mhosgladh an déigh ;  
'S e fonn mo chridhe gach ré,  
Na 's dlùithe, mo Dhia, Riut Féin,  
Na 's dlùithe Riut Féin !

Mi, 's a' ghrian air dol fodha,  
Seachranach fann,  
An doille orm air luidhe,  
A' chlach fo m' cheann ;  
'An aisling na h-oidhch', a Dhé,  
Dh' iarrainn na 's dlùithe Riut Féin !  
Na 's dlùithe Riut Féin !

Faiceam an sin mo cheum  
'Dìreadh gu nèamh ;  
'S gach ni 'dh' àithn thu dhomhsa  
'Teachd fo do làimh ;  
Aingle 'g 'am thàladh le 'chéil'  
Na 's dlùithe, a Dhé, Riut Féin,  
Na 's dlùithe Riut Féin !

'An caithris na maidne  
     'N dealradh do ghràidh,  
 Thig as mo chruaidh-chàs  
         Bétel an àigh;  
 'Chum le m' àmhghar gu léir  
 'Bhi na's dlùithe, a Dhe,  
         Na's dlùithe Riut Féin!

---

L A O I D H X.  
 Dr. W. MacLeod  
 L A O I D H   N A   H - U R N U I G H .

'S i ùrnuigh iarrtas nan naomh  
 'S am bheil an déigh 's an tlachd;  
 Fadadh an teine dhìomhair, ghràis  
 Tha 'lasadh anns an uchd.

'S i ùrnuigh suim na h-osna bhròin;  
 'S i ùrnuigh drùchd nan deur,  
 Aomadh nan sùl an àird gu nèamh,  
 'S gun neach ach Dia d'an léir.

'S i ùrnuigh cainnt an leinibh bhig,  
 An uirghioll ged is maoth;  
 'S i ùrnuigh 'chainnt a's buadhaire  
 A ruigeas cathair Dhé.

'S i ùrnuigh anail beatha naomh,  
 Fàileadh ait an dùthcha féin,  
 An deò mu dheireadh 'n glac a' bhàis  
 Sgiath an anama gu nèamh.

'S i ùrnuigh guth an aithreachain,  
 'S e 'g iompachadh air ais;  
 A's aingle 'g ràdh le gàirdeachas,  
 Feuch e ri ùrnuigh nis!

Na naoimh, an ùrnuigh tha mar aon,  
 An cainnt, an gniomh, 's an smuain;  
 'N uair shealbhaichead, le Dia 's a Mhac,  
 Co-chomunn càirdeil, buan.

Cha 'n ann san t-saogh'ls' tha ùrnuigh 'mhàin;  
 A' guidhe tha'n Spiorad Naomh;  
 Tha Iosa air ar son gun sgios  
 Ag aslachadh air nèamh.

'S Esan an t-iùl tha triall gu Dia,  
 A' bheatha, 'n fhìrinn fòs;  
 Slighe na h-ùrnuigh, dh'fheuch thu fèin,  
 O! teagaisg dhuinn i Ios'!

---

## L A O I D H XI.

MATA VI. 10.

*D MacLeod*

M' Athair 's mo Dhia, am feadh 's a tha mi  
 Air chuairt 's air allaban a' stri,  
 Deònaich dhomh 'ràdh, le m' uile chrìdh,  
 'Do thoil biodh deant'.

Ge dorch' mo shlighe, 's bochd mo chàradh,  
 Monmhor cha dean mi fo àmhghar;  
 Ach bi'dh m' ùrnuigh nèamhaidh ghnàth Riut,  
 'Do thoil biodh deant'.

Ged tha mi 'caoidh gu cianail, trom,  
 Nan càirdean caomh a b' ionmhuinn leam,  
 Strìochd—'s i 'n ùrnuigh 'dhìreadh uam,  
 'Do thoil biodh deant.'

Ni air 'm bu mhò a bha mo dhéigh  
 Ma's ionmhuinn Leat-sa Dhuit gu-n géill;  
 Cha ghéill mi ach na thug Thu Féin;—  
 'Do thoil biodh deant.'

Agams' gu-n robh 'am chridhe fann  
 Do Spiorad gràidh leam anns gach àm,—  
 Agadsa biodh gach ni a th' ann,—  
 'Do thoil biodh deant.'

O! stiùr mo thoil o là gu là,  
 Na's mò 'an géill do D' thoil-sa 'ghnàth;  
 'S thoir uam gach ni 'dh'fhàg cruaidh dhomh 'ràdh,  
 'Do thoil biodh deant.'

---

### L A O I D H   X I I.

*Paraphrase*  
EABH. iv. 14.

'S an teampull 's am bheil Dia 'n a thàmh,  
 (Tigh nach do thogadh riamh le làimh),  
 Tha Sagart àrd a' chinne-daoin',—  
 Ar Slànuighear, 'us ar caraid caoin.

Esan a sheas 'an àit' a shluaign,  
 'Dhoirt fhuil 'n an riochd, 's a luidh 's an uaigh,  
 Tha cuimhneach orra fòs air nèamh,  
 An Slànuighear, 'us an Caraid sèimh.

Ge h-àrd e nis 's na nèamhan shuas,  
 Tha 'shùil a' dearcadh oirnn a nuas;  
 Làn sgeadaichte le nàdur dhaoin',  
 Tha E mion-eòlach air ar sao'ir.

Co-fhulangas tha Aige ghnàth,  
 'S co-mhothachadh le 'r n-uile chràdh;  
 Tha cuimhn' Aig air a pheanas Féin  
 A dheòir, A ghoimh, 'us 'osnaich gheur.

Gach dòruinn 'dh'fheudas oirnne teachd,  
 Fo shamhuil sin rinn Esan gleachd;  
 D'ar n-uile bhròn tha 'chuid-san mòr,  
 'Us bheir E cobhair dhuinn gu leòir.

Fo 'n aobhar sin théid sinn gu dàn'  
 Le 'r n-uile ghearan ann A làthair;  
 'Us guidhidh sinn A chomhnadh treun,  
 Gu 'r cuideachadh 'an u: ir ar feum.

### L A O I D H   X I I I .

THA SUAIMHNEAS ANN.

EABH. iv. 9

*Dr Clark*

'Uime sin dh'fhàgadh fois fa chomhair sluaigh Dhé.'  
 Tha suaimhneas ann o pheacadh 's àmhghar,  
 Tha tir 's am mealar àgh, 'us sith;  
 Feith le foighid, 's bheir an là màireach  
 Do shao'ir, 's do chath gu bràth gu crìch.

Cha-n ann 'an diomhain tha na frasan  
 A' taomadh 'nuas air fearann cruaidh;

Is iad 'tha 'g ùrachadh a mhaise,  
A' toirt dha beatha, brigh, 'us snuagh.

Cha-n ann 'an diomhain tha 'n crann-arain  
A' deargadh talaimh leis an sgrìob;  
Tha 'n sgrìob a's doimhne air a tarruing  
Gu leaba-ghineil 'thoirt do 'n t-siol.

Cha mhò tha 'n diomhain geur-smachd Dhé ort;  
Cha-n ann gun aobhar tha do dheòir;  
Is dlùth a' mhaduinn anns an leugh thu  
Leigheas d' anama anns gach bròn.

---

#### L A O I D H   X I V.

Dùisg o m' anam suas o d' àmhghar  
'S Rìgh Dia nan dùl;  
Na bi 'n imcheist mu 'n là màireach,  
'S léir Dha do chùis;  
Suaimhneas maireann, agus sòlas  
Gheibh thu Uaith ma 's E do dhòchas;  
A thoil nèamhaidh lean an còmhnuidh,--  
Ann cuir do dhùil.

Na biodh geilt ort 'n àm na deuchainn,  
'S e Dia do sgiath;  
Gleidhidh E thu seasgair, tèaruint',  
Ged thaom gach sian;  
Thùirling Criod o nèamh na glòire  
'Am mòr-ghràdh do pheacaich leointe,  
'S bheir d' A shluagh 'raon slàint,' 'us stòras  
Gù suthainn sior.

Seall-sa Ris-san : anns gach cruidh-chàs  
 Bi'dh dlùth do d' cheum;  
 Ni'n làmh a dh' oibrich saorsa bhuadhmhor  
 Do shlighe réidh :  
 Cuir do dhòigh 'n A neart, 's 'n A thruas-san,  
 Dionar thu o olc 's o uamhunn;  
 'S 'n uair tha feachd nan nèamh mu 'n cuairt duit  
 Carson an gèill?

---

L A O I D H X V.  
 M A T A VI. 25.

*Don Macleod*

C'arson tha'n t-ionracan fo sprochd,  
 A' triall troi' ghleann nan deur?  
 An dìobair Dia, e'n àm na h-aire,  
 Nach dean E taic 'n a fheum.  
 Feuch eòin nan speur 'tha 'seinn gu binn,  
 Cha chuir iad siol, 's cha bhuan,  
 Gidheadh tha Dia a' freasdal doibh,  
 Le chaoimhneas càirdeil, buan.

Feuch blàithean maoth nan cluaintean ùr,  
 Cha saothraich iad, 's cha sniomh ;  
 Gidheadh air Solamh féin cha robh,  
 Deise co àillidh riamh.  
 An Dia a dh' éisdeas gairm nan eun,  
 'S a chòmhdaicheas gach blàth,  
 Nach solair E do'n Chriosduidh chaomh,  
 A mhaoin o là gn là.



Iarraibh rioghachd nan gràs air tùs,  
 'Us fireantachd Dhé gu grad,  
 'S gach uile ni 'tha dligheach dhuibh,  
 Builichear oirbh air fad.

C'arson tha'n t-ionracan fo sprochd,  
 A' triall troi' ghleann nan deur?  
 An diobair Dia e 'n àm na h-aire,  
 'S nach dean E taic 'n a fheum?

---

## L A O I D H X V I.

*d' Macleod*  
SALM cvii. 24.

'Chi iadsan gniomharan an Tighearn, agus a bhearta iongantach 's an doimhne.'

- 1 'Athair shìorruidh, an tearnadh treun,
- 2 ✓ 'Chuir cuan fo ghéill do D' ghàirdean féin;
- 3 , 'S a 'toirt na h-àithne mhòir do'n mhuir,
- 4 ✓ 'S na criochan roimp' air tùs a chuir:
- 5 ✓ An ùrnuigh éisd 'tha 'direadh uainn
- 6 ✓ As leth nan uil' 'tha 'n gàbhadh cuain.
  
- 7 O! 'Chriosd, A chronaich, 'us fo fhiamh
- 8 ✓ Luidh onfhadh àrd nan stuadh gu fiath,—
- 9 ✓ Thus' A dh' imich druim a' chuain,
- 10 ✓ 'S an sàrach' mara 'chaidil suain,
- 11 ✓ An ùrnuigh éisd 'tha 'direadh uainn
- 12 ✓ As leth nan uil' 'tha 'n gàbhadh cuain.
  
- 13 O! 'Spioraid Naoimh, aig tùs na cruinne
- 14 ✓ A chaidh a mach air bhàrr na doimhne,—

- 15 A chaisg gach buaireas borb 'us strì,—  
 16 'S A shiolaidh dùil gu ciùin' 'us sith :  
 17 An ùrnuigh eisd 'tha 'dreadh uainn  
 18 As leth nan uil' 'tha 'n gàbhadh cuain.
- 19 A Thrianaid ghlòrmhor, uile bhuaadh'or,  
 20 Dion ar braithrean anns gach cruaidh-chas,—  
 21 Bho sgeir, 's bho theinn, 's gach dosgainn gléidh iad ;  
 22 'Us soirbhich leò gach taobh an téid iad :  
 23 'N sin éiridh Dhuit, o mhuij 'us tìr,  
 24 Ard laoidhean molaidh ait gu sior.
- 

## L A O I D H X V I I .

GENESIS xxviii. 20.—22.

*Paraphrase*

'Dhé Bheteil, le D' làimh thoirbheartaich  
 'S Tu bheathaich D' Isra'l Féin :  
 'S A threòraich feadh an turais sgith  
 Ar sinnseara gu léir.

Ar mòid 's ar n-ùrnuigh 'nis a ta  
 Aig làth'ir Do chathair ghràis ;  
 Bi leinn, O Dhé ar n-aithrichean !  
 'S na diobair sinn gu bràth.

Trìd ceuma dorch' ar beatha bhos,  
 O! treòraich Thusa sinn ;  
 'S o là gu là ar n-éideadh cuirp  
 'S ar teachd-an-tìr, thoir dhuinn.

Fo sgàil Do sgéith', O! dean ar dion  
 Gu crìch ar seachrain sgìth',  
 'Us thoir d' ar n-anma fois fadheòidh  
 'A D' chòmhnuidh shuas 'an sith.

Na tiolaca so, 'Dhé nan gràs,  
 Thoir dhuinn o D' làimh gu fial;  
 'Sa nis agus a rìs gu bràth,  
 Is Tu do ghnà ar Dia.

---

L A O I D H    X V I I I .  
overleaf  
 ARMACHD A' CHRIOSDUIDH.

'Shaighdeir Chriosduidh, dùisg 's bi gleusda,  
 Do Cheann-feadhna tha 'g ad ghairm,  
 Ri h-uichd cruadail bi-sa treunta,  
 Gaisgeil, dileas bi fo d' airm:  
 Beartich ort an armachd Chriosduidh,  
 Chaoidh na strìochd gu sith 'bhios nàr';  
 Ach biodh do bhuille ghnàth na's géire  
 Mar is déine 'bhios do nàmh.

*Firinn* biodh 'n a crios mu-n cuairt duit,  
 'S gleidhidh i gach arm 'n a àit';  
 Cha tig dilinn bheirear buaidh ort,  
 'S tu, leis an *Fhirinn*, 'cur a' bhlàir:  
*Fireantachd* 'ad rùn 's 'ad bheusan  
 'S mòr a feum an là na strì;  
 Ach O! biodh *Fireantachd* Mhic Dhé dhuit  
 Mar *Uchd-eideadh* 'dion do chridh'.

*Ullachadh an t-Soisgeil ghràsmhoir*  
 Biodh mar *Chaisbheirt* dhuit 's gach àm,  
 'Us dòchas ait ri buaidh 'us slàinte  
 Biodh mar *Chlogaid* air do cheann :  
 'S an uair tha 'n nàmhaid 'tigh'n ro dhàn' ort,  
*Claidhe'*'n *Spioraid, Focal Dhe,*  
 Deansa iomairt, 's bheir gu làr iad,  
 'Dh'aindeoin neirt, no guin am beum.

Ach 'n uair is uamharr' spàирн, 'us gàbhadh,  
 'S a' ghleann 'tha dorch' le sgàil' a' bhàis,  
 'S an uair is beucaiche tha Sàtan  
*Sgiath a' Chreidimh* tog an àird :  
 'Sin bi'dh saighdean teinnteach buairidh  
 Air am bàthadh ann am ful  
 An Tì 'thug gràdh dhuit, 's ni ort fuasgladh,  
 'Dol troi 'n teine, no troi 'n tuil.

'S ge b'e co leòinte, chlaoidh't am bi thu,  
 Dean *Urnuigh* ghnàth gun sgios, gun sgur:  
 'S i *Urnuigh* cobhair mhòr a' Chrìosduidh,  
 'S ann 'n uair 's ils' e 's mò a buil :  
 Daonnan ri D' Cheann-feadhn' ag éigheach,  
 Làn-innis dha gach creuchd, 'us càs,  
 Ni do neartachadh mu-n géill thu,  
 No do thogail rìs an àird.

## L A O I D H XIX.

### A N S O I S G E U L.

Bho bheanntan reòta *Ghreenland*, *Macfadyen*  
 Bho Innsean teith nan slògh,

Bho *Africa* nam fuaran  
 'Bheir uath' a' ghainneamh òir;  
 Bho iomadh amhainn aosmhòr,  
 'S bho iomadh réidhlein uain',  
 Tha ruinne, air son saorsa,  
 An glaedh tighin thar a' chuain.

Air *Ceylon* ged a shéideas  
 A' ghaoth gu cùbhraiddh, tlàth;  
 Ged tha gach sealladh ceutach,  
 'Us duine 'mhàin 'n a ghràin;  
 Mòr mhaiteas Dhé tha 'n diomhain  
 Air iocadh air gach taobh;  
 Tha truaghain dhall na tìr' sin  
 A' strìochd' do dh' iodhail fhaoin.  
 'N dean sinne, 'th'air ar stiùradh  
 Le gliocas iùil o'n àird,  
 An lòchran nèamhaidh 'dhiùltadh  
 Do'n dream 'tha 'n duibhr' an sàs?  
 Dean slàint' do pheacaich éigheach—  
 Dean sgeul nam buadh a sheirm,  
 Gus am bi gach creutair  
 Air géill a thcirt do'n ghairm.  
 Dean ruith, a Sgéil na Saorsa,  
 Air carbad gaoithe 's cuain,  
 Gus, anns gach cearn de'n t-saoghal,  
 An cluinn gach aon an fhuaim!  
 'Us duine air a shaoradh,  
 Le iobairt ghaoil an Uain,  
 Ag éigheach o gach taobh ris,  
 E 'theachd g' A rioghachd gu luath.

## L A O I D H X X.

*D. Macleod*

'Athair na tròcair éisd 's thoir aire  
 Ri guth ar n-athchuinge a D' làthair,  
 'N uair dh' earbamaid ri d' chùram aith'reil,  
 Le dùrachd cridhe cùis ar bràthar.

Fosgail Thusa dhàsan dorus;  
 Stiùr e 'n a shaothair le D' bheannachd Féin;  
 Le D' Spiorad soirbhich leis 'n a thurus,  
 Gu crìch a shaoghail, 'us a ré.

Comh-pàirtich dha an aigne nèamhaidh,—  
 Gu saibhir riaraich e 'n a fheum;  
 Thoir dha 'n a bheath' 'bhi macant', sèimheil;  
 'S 'an gniomh 's 'am focal seasmhach, treun.

Anns gach deuchainn agus buaireadh  
 Le D' ghràs dean Thusa còmhnhadh ris;  
 Gléidh e le D' chumhachd slòrruidh, buadhdmhor,  
 Gu crìch na slighe 'tha roimhe nis.

---

## L A O I D H X X I.

1 SAMUEL vii. 12.

*D. Macleod*  
*ony* 'Gu ruige so chuidich an Tighearn leinn.'

Tha mo thurus troimh'n fhàsach a nis gu bhi réidh,  
 Thàinig feasgar mo làithean 'us deireadh mo ré;  
 Ach aidichidh mi leis gach taingeachach crìdh',  
 An fhad so, a Dhia, gu-n do chuidich Thu mi.

'S tric a shearg mi fo euslaint 's a ghuil mi fo bhròn,  
 'S tric a ghluais mi gu deurach gun éideadh, gun lòn;  
 Ach dh'earb mi á Dia anns gach deuchainn 'us dìth,  
 'S an fhad so, a Thighearna, chuidich Thu mi.

'S ioma caraid 'bu chaomh leam a dhiobair, 's a thréig,  
 'S ioma dòchas a b'ait leam a mheall mi le 'cheilg;  
 Ach Do chàirdeas-sa sheas anns gach doilgheas 'us strì,  
 'S an fhad so, a Thighearna, chuidich Thu mi.

Agus seallaidh mi romham, 'us gabhaidh mi beachd  
 Air gach deuchainn 'us ànradh 'tha fathast ri teachd;  
 Ach m'anam fo gheilt, no fo imcheist cha bhi;  
 Oir an Dia nach do dhiobair, cha diobair E mi.

## L A O I D H   X X I I .

CO IAD SO LE'N TRUSGAIN SHOILLS'?

*TAISBEAN vii. 13, 14.*

' Agus fhreagair aon de na seanairibh, ag ràdh, Cò iad sin a ta air an sgeadachadh le trusganaibh fada geala? agus cia as a thainig iad? Agus thubhairt mi ris, a Thighearna tha fhios agadsa. Agus thubhairt e rium, Is iad so iadsan a thàinig a h-àmhghar mòr; agus nigh iad an trusgain, agus rinn iad geal iad ann am ful an Uain.'

Cò iad so le trusgain shoills',  
 Sluagh do-àireamh, àrd 'an glòir,  
 Ait a' seinn a là 's a dh' oidhch'  
 Taobh na h-altrach le binn-cheòl?  
 "S airidh 'n t-Uan a fhuair am bàs  
 Moladh Dha 'us cliù a luaidh,  
 Umhlachd, urram, agus gràdh  
 Iocadh Dha gach àm 's gach uair!"

Slighe dhocair, ànrach, sgith,  
 Shiubhail iad tré bhròn 'us péin;  
 'Nis tha iad mu 'n Chathair-Rìgh,  
 Sgeadaicht' ann an iomhaigh Dhé;  
 Dealrach aun an éideadh nuadh,  
 Geugan pailme anns gach làimh,  
 'S e'm Fear-Saoraidh 'thug dhoibh buaidh  
 Thar gach buaireadh 'us gach nàmh.  
 Saor o dhith, o thart, 's o thruaigh',  
 Craobh na beatha dhoibh mar lòn,  
 'Rìgh nan righ'—'s e Criod an t-Uan—  
 Ni'n treòrach' chum nan uisge beò.  
 Sòlas àrd tha'n àite 'bhròin,  
 'An àit' eagail, sìth, 'us gràdh;  
 Siabaidh Dia E Féin na deòir  
 O gach sùil gu tur, 's gu bràth.

---

## L A O I D H   X X I I I .

TAISB. XIV. 13.

Tha guth a' teachd a nuas o neamh,  
 O's ait e 'n àm a bhàis,  
 Tha teachdaireachd an àigh a' toirt  
 Saors' o na h-uile cràdh.

Sgriobh! mar so deir an Spiorad Naomh,  
 'Sgriobh! oir deir Dia n'an gràs,  
 'S Beannuicht o so a mach na mairbh  
 A ghéibh 'an Iosa bàs.

Tha fois o shaothair ac' a chaoidh,  
 Tha'n suaimhneas buan gu brath;  
 Leanaidh an oibrigh iad air fad,  
 An creidimh 'us an gràdh.

---

L A O I D H    X X I V  
 S T I U I R    M I.

O 'Iehòbhah, dean mo stiùradh,  
 'Dol a nunn tro' flàsaich chruaidh,  
 Tha mi fann, ach 's Leatsa neart 'us  
 Dean le D' neart mo chumail suas.

Fosgail Thus' an tobair criostail  
 As an' ruith na sruthainn ùr,  
 'S deanadh am meall neòil mo sheòladh,  
 Air gach dòigh air fad mo chùrs'.

'Us 'nuair ruigeam bruach na h-Iordain,  
 Orduich do m' chuid eagal falbh,  
 Thus' thug buaidh air Bas 's air Ifrinn,  
 Stiùir mi slàn gu tir nan sealbh.

Thig, 'Fhir-shaoraidh, 's e a's miann domh  
 Bhi 's an t-sìorruidheachd Leatsa 'tàmh,  
 B' e mo riarachadh 's mo shùgradh  
 Comunn milis ciùin do ghràidh.

L A O I D H   X X V .  
 IERUSALEM 'THA OIRDHEIRC.  
5 Neacless

EABH. xiii. 14.

Ierusalem 'tha òirdheirc,  
 Le bainne 's mil gun dith,  
 Do ghlòir chaidh thar gach eòlais,  
 Tha doimhn' ann nach ruig mi.

Cha-n fhios,—cha-n aithne dhomhsa,  
 Gach suaimhneas àrd 'us àgh  
 Tha 'n sud,—no 'n soillse glòire  
 'S gun choimeas agam dha.

'An sin tha lùchairt Šhioin,  
 Làn ait le caithream luaidh,  
 'S le dealradh glòir' nan ainglibh,  
 'S nam fianuisean 'thug buaidh.

Tha Prionns' na Sith E Féin ann  
 An soillse ciùin an là;  
 'S iodaltradh a shluagh gu léir  
 Gorm, àluinn, réidh fo bhlàth.

'An sin tha cathair Dhaibhidh;  
 'S iad saor bho ànradh truagh,  
 Eiridh bho luchd na cuirme  
 Ard iolach ait nam buadh.

Iadsan chuir le'n Ceannard  
 A' chòmhstri ghoirt 'us chruaidh,  
 Tha iad 'an sud gu siorruidh  
 'N an trusgain gheala, nuadh.

O! 's àghmhор, sona 'n тіr ud,  
 'Us fois do shaor shluagh Dhé;  
 O! 's àghmhор, sona 'n тіr ud  
 Air 'm bheil ar cridhe 'n déigh.

O! Iosa, ann a' D' thròcair,  
 Do'n тіr ud treòraich sinn;  
 Thus' ionmholt leis an Athair,  
 'S an Spiorad Naomh gach linn

---

### L A O I D H   X X V I .

#### G U T H   O   N E A M H .

*On Maclach*  
 Earlais air a' ghliòir shiorruidh.

'Dealradh 'an solus Dhé nan dùl  
 Tha 'iomhaigh Féin 'am ghruaidh;  
 Chuir mi gleann dorcha sgàil' a' bhàis air chùl,  
 Tha mi 'riaghladh 'nis le buaidh.

'An so cha-n 'eil cridh' fo leòin,  
 'An so cha-n 'eil iarguin, no truaigh',  
 No aogas 'tha fann fo dheuraibh a' bhròin  
 'S tric 'chuir smal air a' ghruaidh.

Ràinig mi suaimhneas na glòir',  
 'S aon mi de naomh-chomunn nèimh;  
 Air mo cheannsa chàireadh coran an òir,  
 'S tha clàrsach òir 'am làimh.  
 Dh' ionnsaich mi 'n t-òran a luaidh  
 "Tha saor-shluagh Chriosd a' seinn;  
 'S tha Talla nan nèamh a' co-fhreagairt le buaidh  
 Ri m' ùr chaithream fhuaimear, bhinn.

Gun chiont', gun iarguin a' chaoidh,  
 Sona 'am dhachaidh nuaidh,  
 Chaidh gach eagal air chùl, gach teagamh a chlaoidh,  
 Orms' thàinig latha nam buadh.

O! sibhs' a b' ionmhuinn le m' chridh',  
 A chàirdean caomhail, sèimh;  
 Tha sibh fathast 's a' choluinn ri faire, 's ri stri;  
 Ach uams' gheibh sibh furan air nèamh.

Air di-chuimhn' cha-n'eil, 's cha bhi;  
 Tha mo chuimhne mar shlabhraidh òir,  
 Dlùth-nasgadh r'a chéil' 'ur crìdh' ri m' chridh',  
 Gus an còmhlaich iad fadheòidh.

Air an dàimh so, maireann a ghnàth,  
 Le dealas bi'dh teas-ghràdh mo chridh'  
 Mar amhuinn na soills' a' dian-ruith gach là,  
 Do'n t-saoghal o'n d' thàinig mi.

Am fàth mulaid dhuibh-se gu-m bi  
 Reul eil' a' dealradh 's an speur?  
 No gu-n sioladh àrd-ghàir a' chogaidh gu sìth,  
 'S gu-n caisgear a' chomh-strì gheur?  
 'S c'arson fo iarguin a bhiodh?  
 C'arson a shileadh 'ur deòir  
 'N uair a tha seud maiseach nuadh 'an coran an  
 Anam eile 'an siochaint na glòir? [Righ,—









